

Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle na Gàidhealtachd sgìre-sgoile chomharraichte a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Gheàrrloch.

An Gearran 2020

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir chumhachan [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). Is e adhbhar na h-aithisg beachd neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thabhann mu mholadh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìre-sgoile chomharraichte a stèidheachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Gheàrrloch. Tha Earrann 2 den aithisg a’ cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a’ cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach bheachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a’ toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a’ mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a’ cur riathanas air a’ chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a’ chomhairle a bhith a’ gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a’ tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a’ mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh. Feumaidh a’ chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh air clann agus daoine òga bho na sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh’fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;
- buaidhean sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith aig a’ mholadh;
- mar a tha a’ chomhairle am beachd droch bhuaidh sam bith a dh’fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a’ cur a’ mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a’ tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a sgaoileadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile;
- conaltraidhean ri daoine fa leth mu na molaidhean;
- beachdachadh air tuilleadh fiosrachaidh mu na sgoiltean air a bheil seo a’ toirt buaidh; agus
- cuairtean gu làrach Bun-sgoil Gheàrrloch, a’ gabhail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh co-chomhairleachadh air a mholadh/mholaidhean a rèir [Achd nan Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 9 Dùbhlachd 2019 gu 31 Faoilleach 2020. Chaidh am pàipear molaidh a sgaoileadh gu luchd-obrach, Comhairlean Phàrant agus pàrantan sgoilearan a tha a' frithealadh nam bun-sgoiltean a tha air an ainmeachadh sa phàipear mholaidh. Chaidh a chur cuideachd gu buill Pàrlamaidean na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba, aonaidhean-ciùird, Bòrd na Gàidhlig agus comhairlean coimhearsnachd. Chaidh sanas a chur dhan phàipear ionadail. Bha fiosrachadh ri fhaotainn air làrach-lìn na comhairle agus air na meadhanan sòisealta. San aithisg dheireannach bu chòir dhan chomhairle innse mar a rinn iad co-chomhairleachadh le clann agus daoine òga.

2.3 Chùm a' chomhairle coinneamh phoblach aig an tug oifigearan Seirbheisean Cùraim agus Ionnsachaidh cothrom do na h-ochdnar a bha an làthair conaltradh a dhèanamh mu na molaidhean. Bhruidhinn an fheadhainn a bha an làthair mun Ghàidhlig mar dhàrna cànan, Foghlam Meadhan Gàidhlig, buaidh nam molaidhean air sgìrean dùthchail, còmhhdail-sgoile agus gun robh Foghlam Meadhan Gàidhlig ri fhaotainn aig Bun-sgoil Loch Carrainn (Comhairle na Gàidhealtachd). Chaidh ceithir freagairtean fhaighinn ann an sgrìobhadh, a bha a' togail air cùisean coltach ri sin a chaidh ainmeachadh aig a' choinneimh phoblaich. Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidheann comhairleachaidh reachdail mu atharrachaidhean a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Chuir iad fàilte gun robhar a' stèidheachadh sgìre-sgoile chomharraichte airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ach bha beagan iomagain orra.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha am moladh seo a' comharrachadh dealas leantainneach Chomhairle na Gàidhealtachd ann am buileachadh an Stiùiridh reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017. Tha a' chomhairle a' moladh sgìre-sgoile chomharraichte airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Gheàrrloch. Bidh seo a' gabhail a-steach sgìrean-sgoile cuid no a h-uile bun-sgoil eile a tha co-cheangailte ri Àrd-sgoil Gheàrrloch, a rèir toraidhean na co-chomhairleachaidh. Tha na bun-sgoiltean sin a' tabhann ionnsachadh tro mheadhan na Beurla a-mhàin. Is iad sin: Bun-sgoiltean Bhuaile na Lùib, Cheann Loch Iù, Phol Iù, Shildeig agus Thoirbheartan. Tha am moladh seo a' toirt taic don chomhairle ann a bhith a' soilleireachadh ullachaidhean còmhhdail airson clann a tha a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha e cuideachd a' toirt taic don chomhairle ann a bhith a' coileanadh a dhleistanais gus an luach as fheàrr a thabhann.

3.2 Cha mhòr nach robh an luchd-co-chomhairleachaidh air fad a' toirt taic dhan chomhairle ann a bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile chomharraichte airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha beagan chùisean agus uallachaidhean ag èirigh bhon cho-chomhairleachadh a tha airidh air tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh orra. Cha mhòr nach robh an luchd-co-chomhairleachaidh air fad a' cur cudrom air cho riatanach 's a bha e cothrom a bhith aig pàrantan air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bha iad a' faireachdainn gum bu chòir do phàrantan buaidh a thoirt air an astar a bha iad a' miannachadh a shìubhladh an cuid chloinne airson na roghainn seo, taobh a-staigh na sgìre-sgoile a bha air a moladh. Tha an Stiùireadh reachdail air Foghlam Gàidhlig a' comharrachadh gum bu chòir dhan sgìre-sgoile airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith mar astar a tha an t-ùghdarras-foghlaim dhen bheachd a bhiodh reusanta do chlann a shiubhal. Tha an Stiùireadh cuideachd a' comharrachadh gum bu chòir do chomas a bhith aig sgìre-sgoile pàrantan a thàladh gu bhith a' taghadh Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha a' chomhairle soilleir gum bu chòir dhan sgìre-sgoile a thathar a' moladh sgìre-sgoile Bun-sgoil Gheàrrloch, Bun-sgoil Phol Iù agus Bun-sgoil Bhuaile na Lùib a ghabhail a-steach. Tha na h-astaran siubhail bho sgìrean-sgoile

nan sgoiltean sin uile taobh a-staigh ullachadh neo-fhoirmeil na comhairle a thaobh còmh-dhail a thabhann taobh a-staigh astar siubhail reusanta. Tha seo gu coitcheann air a mhìneachadh mar suas gu 15 mìle, ach tha iomadh caochladh ann. Anns a leithid sin de chùisean, tha a' chomhairle ag ràdh gum bu chòir don chloinn air fad a tha a' cur feum air còmh-dhail gus a dhol gu Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Gheàrrloch, na h-ullachaidhean còmh-dhail a tha ann aig an àm a tha an làthair airson dhaoine òga a tha ann an Àrd-sgoil Gheàrrloch a chleachdadh. Nan leanadh a' chomhairle air adhart leis a' mholadh, bu chòir dhan aithisg dheireannaich mineachadh a dhèanamh air na h-ullachaidhean sàbhailteachd airson chlann òga a tha a' siubhal air busaichean.

3.3 Tha cuid de na sgoiltean a tha fo bhuidhe na co-chomhairleachaidh seo ann an ceàrnaidhean dùthchail gu math iomallach. Is e àireamh glè bheag de chlann a tha sna sgoiltean. Ann an aon de na sgìrean dùthchail sin, tha cuid de na co-chomhairlichean fo uallach gun toir an roghainn Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Gheàrrloch droch bhuidhe air an àm ri teachd airson nan sgoiltean ionadail. Tha na co-chomhairlichean sin cuideachd ag ràdh gur e aon fhuasgladh a' chlann air fad a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig na cànan a bharrachd mar phàirt den churraicealam. Tha iad a' smaoinichadh gun cumadh seo a' chlann gu bhith a' frithealadh nan sgoiltean ionadail aca. Tha luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh ris a' chomhairle, nam biodh pàrantan a tha a' fuireach san sgìre-sgoile a thathar a' moladh ag iarraidh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Gheàrrloch, gum bu chòir cead a thoirt dhaibh. San aithisg dheireannaich aige, nan deigheadh aontachadh ris a' mholadh, feumaidh a' chomhairle a bhith nas soilleir gu bheil Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam Meadhan Gàidhlig le chèile nan slighean ionnsachaidh luachmhor. Ach, bu chòir dhaibh cunntas a ghabhail de fhianais gu bheil bogadh a' toirt clann gu fileantas tòrr nas luaithe.

3.4 Bha grunnan de na co-chomhairlichean iomagainneach mu chuid de na h-astaran a bhathar a' sùileachadh a shiùbhladh clann gus cothrom fhaighinn air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bha iad a' faireachdainn gur dòcha nach robh iad sin reusanta, gu h-àraidh airson clann òg. Airson an adhbhair seo, chuir a' chomhairle fàilte air beachdan am bu chòir sgìrean-sgoile Bun-sgoiltean Cheann Loch Lù, Shìldeig agus Thoirbheartan a bhith air an gabhail a-steach anns an sgìre-sgoile chomharraichte a bhathar a' moladh. Aig an aon àm, tha a' chomhairle ag amas air Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith ri fhaotainn cho farsaing 's a ghabhas. Bu chòir dhan chomhairle iarrrtas airson Foghlam Meadhan Gàidhlig san sgìre a chumail fo lèirmheas, agus conaltradh le pàrantan agus daoine eile ann a bhith a' faighinn a-mach am b' urrainn do thuilleadh solair Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith air a chur ann an àite. Bu chòir dhan seo a bhith stèidhichte air Achd (Foghlam) Alba 2016. Aig àm a' cho-chomhairleachaidh, bha Bun-sgoil Thoirbheartan dùinte car ùine. Tha am freagairt a fhuaras bho Chomann nam Pàrant agus Comhairle Coimhearsnachd Thoirbheartan agus Cheann Loch Lù a' soilleireachadh gu bheil a' chlann a tha a' còmhnaidh ann an sgìre-sgoile chomharraichte Bhun-sgoil Shìldeig tòrr mòr nas fhaisge air Bun-sgoil Loch Carrainn na tha iad air Bun-sgoil Gheàrrloch. Tha Foghlam Meadhan Gàidhlig ri fhaotainn aig Bun-sgoil Loch Carrainn, ach chan eil e taobh a-staigh buidheann nan sgoiltean co-cheangailte ri Àrd-sgoil Gheàrrloch. Tha an t-astar eadar Bun-sgoil Shìldeig agus Bun-sgoil Loch Carrainn taobh a-staigh an astar-siubhail a tha a' chomhairle a' meas reusanta. Tha e air innse gu bheil ceanglaichean ann a-cheana eadar Bun-sgoiltean Shìldeig agus Loch Carrainn. Is e adhbhar cudromach mu bhith a' suidheachadh sgìrean-sgoile chomharraichte airson Foghlam Meadhan Gàidhlig pàrantan a tharraing gu bhith a' taghadh na roghainn seo a thaobh foghlam ann an Alba. Aig a' choinneamh phoblaich, thuirt a' chomhairle gum beachdaicheadh iad air tuilleadh chùisean co-cheangailte ris a' mholadh seo. Bu chòir dhan chomhairle tuilleadh obrach a dhèanamh gus a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig seo air sochairean foghlaim airson clann, a dhearbhadh. Bu chòir dhan tuilleadh rannsachaidh seo a bhith a' gabhail a-steach cuimse air a' bhuidhe a bhiodh aige air clann a thaobh cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne agus foghlam àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig. Bu chòir do dh'aithisg dheireannach na comhairle a bhith soilleir

mu na sochairean foghlaim a thigeadh mar thoradh air an co-dhùnadh deireannach. Aon uair 's gun tigear gu co-dhùnadh mun seo, is dòcha gum feum a' chomhairle sùil eile a thoirt air earrann 6.11 sa phàipear-molaidh aca, a tha a' soilleireachadh gur e sgìre-sgoile chomharraichte Àrd-sgoil Gheàrrloch airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, an sgìre-sgoile cheudna 's a tha ann an-dràsta. Tha Bòrd na Gàidhlig san fhreagairt acasan ag ràdh nach eil na h-astaran siubhail a thathar a' moladh bho Shildeag agus Thoirbheartan reusanta. Tha am freagairt a' togail air sgìrean-sgoile chomharraichte airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a bhith stèidhichte air grunnan sgìrean-sgoile chomharraichte a tha ann a-cheana 'gu sònraichte airson sgìrean bailteil'. Chan eil an Stiùireadh a' dèanamh eadar-dhealachadh eadar suidheachaidhean bailteil agus dùthchail. Bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a' co-chomhairleachadh le Bòrd na Gàidhlig mu na h-uallachaidhean a tha orra.

3.5 Bhathar ag aontachadh gum bu chòir do chlann a tha a' còmhnaidh ann an sgìre-sgoile Bhun-sgoil Cheann Loch Iù cothrom a bhith aca air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Gheàrrloch, nam b' e sin roghainn am pàrantan. Bhathar a' faireachdainn gun robh ullachaidhean còmhdaidh ann a-cheana a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh nach adhbhraicheadh cosgaisean a bharrachd dhan chomhairle. Bha am modh-obrach seo air fhaicinn mar a bhith a' toirt taic do cho-ionannachd cothruim air Foghlam Meadhan Gàidhlig.

4. Geàrr-iomradh

4.1 San fharsaingeachd, tha moladh na comhairle na shochair foghlaim do chlann agus pàrantan a tha a' còmhnaidh sna sgìrean-sgoile chomharraichte airson Bun-sgoiltean Bhuaile na Lùib, Gheàrrloch agus Phol Iù. Tha am moladh a' soilleireachadh do phàrantan mar a gheibh iad cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. A thaobh na feadhainn a tha a' còmhnaidh san sgìre-sgoile chomharraichte airson Bun-sgoil Cheann Loch Iù, thathar a' co-aontachadh gum bu chòir an cothrom a bhith aig pàrantan air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Gheàrrloch, nam biodh iad airson sin a roghnachadh. Mar sin, bu chòir don sgìre-sgoile chomharraichte airson Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Gheàrrloch, Bun-sgoiltean Bhuaile na Lùib, Gheàrrloch, Cheann Loch Iù agus Phol Iù a ghabhail a-steach. Bu chòir dhan chomhairle tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh air an dòigh anns an dèilig iad ri sàbhailteachd chloinne an uair a bhios iad a' siubhal air busaichean.

4.2 Leis gu bheil sgìre-sgoile chomharraichte Bhun-sgoil Shildeig nas fhaisg air Bun-sgoil Loch Carrainn, tha e na iartas reusanta gum bu chòir dhan chomhairle sgrùdadh a dhèanamh am bu chòir dhan chloinn a tha a' còmhnaidh ann an sgìre-sgoile chomharraichte Bhun-sgoil Shildeig an cothrom a bhith aca air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am Bun-sgoil Loch Carrainn. Is e beachd Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gur dòcha gum biodh na h-astaran siubhail nas giorra nam buannachd ann a bhith a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig ìrean na bun-sgoile. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air mìneachadh ann am paragraf 3.4 cuid de bhun-chùisean nas fharsainghe a bu chòir dhan chomhairle a ghabhail a-steach ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh deireannach. Tha e cudromach gum bi co-dhùnadh deireannach na comhairle a' gabhail a-steach an Stiùiridh reachdail air Foghlam Gàidhlig gus 'pàrantan a thàladh gu bhith a' taghadh Foghlam Meadhan Gàidhlig airson an cloinne'. Bu chòir a thighinn gu co-dhùnadh mu Bhun-sgoil Thoirbheartan stèidhichte air na h-ullachaidhean a thaobh an dùnaidh car ùine a tha ann an àite. Feumaidh a' chomhairle leantainn air adhart a' conaltradh leis an luchd-ùidh air fad, a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, ann a bhith a' dèiligeadh ris na h-uallachaidhean a tha air am-mìneachadh ann an earrann trì den aithisg seo.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh An Gearran 2020